



**Taighean-tasgaidh
Nàiseanta Alba
National Museums Scotland**



Taighean-tasgaidh Nàiseanta Alba

Plana Gàidhlig

2023 - 2028

Air ullachadh fo earrann 3 de dh'Achd na Gàidhlig (Alba) 2005

17 Lùnasdal 2023

Facal-tòisich

Tha e na adhbhar tlachd dhomh a bhith a' cur fo ur comhair an treas Plana Gàidhlig do Thaichean-tasgaidh Nàiseanta Alba, anns am faicear na geallaidhean againn mar fhastaiche, agus ar cuid obrach mar bhuidheann libhrigidh seirbheis taigh-tasgaidh thar nan làraichean gu lèir againn.

Tha Taighean-tasgaidh Nàiseanta Alba a' dearbhadh a chuid dealais sa Phlana seo do na h-amasan an cois a' Phlana Nàiseanta Ghàidhlig agus Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha e mar amas againn a bhith a' cur ri seasmhachd na Gàidhlig ri linn na lèirsinn againn – *Inspiring People: Addressing the Challenges of Our Age* – agus a thaobh meud nan cruinneachaidhean fo ar cùram, a tha air aon de na cruinneachaidhean ioma-chuspaireil as motha san Rìoghachd Aonaichte.

Tha am Plana againn a' cur an cèill na choisinn sinn gu ruige seo agus na tha fa-near dhuinn sna còig bliadhna ri teachd. Tha am Plana a' taisbeanadh ciamar a tha Taighean-tasgaidh Nàiseanta Alba a' coileanadh a dhleastanasan is a' dèanamh cheanglaichean leis an Fhrèam Dèanadais Nàiseanta agus Planaichean Gàidhlig ionadail agus sinn a' toirt seachad spèis cho-ionnan airson cànan is cultar na Gàidhlig.

Dr Chris Breward

Stiùiriche

CLÀR-INNSE

Facal-toisich

1. Ro-ràdh

- 1.1 Fios mu Thaighean-tasgaidh Nàiseanta Alba
- 1.2 A' Ghàidhlig aig Taighean-tasgaidh Nàiseanta Alba
- 1.3 A' Ghàidhlig ann an Alba
- 1.4 Achd na Gàidhlig (Alba) 2005
- 1.5 Plana Gàidhlig Nàiseanta
- 1.6 In-sgrùdadh air Comasan Gàidhlig
- 1.7 Co-chomhairleachadh air Dreach Plana Gàidhlig (*ri sgrìobhadh an dèidh a' cho-chomhairleachaidh*)

2. Prìomh Phrionnsapalan

- 2.1 Spèis Cho-ionnan
- 2.2 Tairgse Ghnìomhach
- 2.3 Àbhaisteachadh

3. Geallaidhean a' Phlana

- 3.1 Amasan Àrd-ìre
- 3.2 Amasan Seirbheis Chorporra

4. Ceanglaichean ri Frèam Dèanadais Nàiseanta

5. Ceanglaichean ri Frèaman Ionadail is Roinneil

6. Foillseachadh

- 6.1 Air an Taobh A-staigh
- 6.2 Air an Taobh A-muigh

7. Maoineachadh a' Phlana

8. Sgrùdadh Leantainneach a' Phlana

9. Am Plana Gàidhlig san Ùghdarras Phoblach

- 9.1 Uallach Iomlan airson a' Phlana
- 9.2 Uallach Làitheil airson a' Phlana
- 9.3 Buidheann Stèidheachaidh is Sgrùdaidh a' Phlana Ghàidhlig
- 9.4 Conaltradh le Luchd-obrach
- 9.5 Buidhnean Ceangailte is Air an Taobh A-muigh

Pàipearan-taic

1. In-sgrùdadh Chomasan Gàidhlig

1. RO-RÀDH

1.1 Fios mu Thaighean-tasgaidh Nàiseanta Alba

'S e Taighean-tasgaidh Nàiseanta Alba buidheann taigh-tasgaidh nàiseanta na h-Alba aig a bheil measgachadh sònraichte de chruinneachaidhean, prògraman, àiteachan is daoine aig ìre eadar-nàiseanta.

'S e goireas cudromach gu h-eachdraidheil, gu cultarail is gu saidheansail a th' anns a' chruinneachadh ioma-chuspaireil againn, a bhios sinn a' feuchainn ri sgaoileadh cho farsaing is a ghabhas tron amas againn airson nithean an latha an-dè is an-diugh agus nan làithean ri teachd an Alba is an dùthchannan is cultaran eile agus san t-saoghal nàdarra a ghleidheadh, a mhìneachadh is a dhèanamh so-ruigsinneach don a h-uile duine.

Tha sinn a' gleidheadh chruinneachaidhean cudromach gu h-eadar-nàiseanta sna saidheansan nàdarra, na h-ealainean sgeadachail, obair ciùird, dealbhachadh is fasan às a h-uile ceàrnaidh den t-saoghal, saidheans is teicneolas, agus eachdraidh is arc-eòlas na h-Alba. Tha na mìltean de bhliadhnaichean gan riochdachadh sna cruinneachaidhean seo agus bidh sinn gan cleachdadh agus an cuid sgeulachdan airson aire an t-sluaigh a ghluacadh is sinn a' cur eòlas air an t-saoghal tro na taisbeanaidhean againn, susbaint air-loidhne, prògraman nàiseanta is eadar-nàiseanta, cho math ri prògraman is goireasan sgoile.

Bidh na milleanan de luchd-tadhail ionadail is eadar-nàiseanta a' tadhal air na ceithir taighean-tasgaidh againn a h-uile bliadhna:

- Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba ann an Dùn Èideann
- Taigh-tasgaidh Nàiseanta a' Chogaidh ann an Caisteal Dhùn Èideann
- Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Itealaich an Lodainn an Ear
- Taigh-tasgaidh Nàiseanta na Tuatha faisg air Cille Brìghde an Ear

'S e Ionad Cruinneachaidh nan Taighean-tasgaidh Nàiseanta an Granton an ceann a tuath Dhùn Èideann an t-ionad eadar-nàiseanta againn airson rannsachadh, cleachdadh is gleidheadh chruinneachaidhean. 'S ann an seo a tha na stiùidiothan gleidhidh againn cho math ri ionad eòlais far a bheil rannsachadh is ùr-ghnàthachas, sgrùdadh eadar-chuspaireil, trèanadh sònraichte is teagasg àrd-ìre aig an ìre as àirde. Tha e a' cumail taic riatanach ris na gnìomhan nàiseanta is eadar-nàiseanta againn.

'S e Carthannas Albannach agus Buidheann Poblach Neo-roinneil (NDPB) a th' annainn le taic tro Thabhartas-gus-Cuideachadh bho Riaghaltas na h-Alba agus sinn air ar riaghladh le Bòrd Urrasairean neo-eisimeileach. Tha e an urra riutha lèirsinn, ro-innleachd is poileasaidhean na buidhne a shuidheachadh agus sùil a chumail air adhartas airson sin a choileanadh. 'S e an Stiùiriche a tha an urra ri obair làitheil Thaighean-tasgaidh Nàiseanta Alba agus airson ro-innleachd is poileasaidhean a chur an gnìomh. Tha mu thimcheall air 470 daoine san sgioba-obrach aig a bheil raon farsaing de dh'eòlas, sgilean is eòlas-obrach, is iad a' cur romhpa tuigse, cùram is co-roinn nan cruinneachaidhean is na h-oighreachd againn a leasachadh.

Anns an t-saoghal ro lèir-sgaoileadh Covid, chuireadh Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba fàilte air còrr is 3.2 millean neach-tadhail thar nan ceithir taighean-tasgaidh agus 's e Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba an taigh-tasgaidh as motha a thaobh luchd-tadhail san RA taobh

a-muigh Lunnainn fhathast. 'S ann bho a-nall thairis a tha cuid mhòr de luchd-tadhail Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba a' tighinn. Ged a tha cuid dhiubh sin à dùthchannan far a bheil a' Bheurla ga bruidhinn, tha measgachadh mòr de chànanan eile seach a' Bheurla aig an luchd-tadhail eadar-nàiseanta. Mar sin dheth, tha sinn ag amas air spèis cho-ionann a thoirt do dh'fheumalachdan cànanan ar luchd-tadhail gu lèir, is sinn a' freagairt ri Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus feumalachdan an luchd-tadhail againn.

Tha buaidh chultarail, shòisealta, foghlaim is eaconamach ar cuid obrach farsaing mar aon de na prìomh bhuidhnean taigh-tasgaidh san Roinn Eòrpa. Tha sinn moiteil às na tha sinn a' cur ri cruthachadh is leasachadh cultair aig ìre eadar-nàiseanta an Alba a tha a' fàgail Alba na h-àite nas tarraingiche airson fuireach is obair ann agus a tha a' toirt toileachas do ar luchd-obrach, luchd-còmhnaidh is luchd-tadhail.

Ged nach eil dleastanasan foirmeil sam bith oirnn fon Achd stèidheachaidh againn, tha sinn a' toirt seachad comhairle, eòlas is taic do thaighean-tasgaidh air feadh na h-Alba airson an cuideachadh is iad a' cur air adhart an cruinneachaidhean is an taisbeanaidhean fhèin. Bidh sinn ag obair gu dlùth cuideachd le taighean-tasgaidh is buidhnean eile air feadh na h-Alba, na RA agus gu h-eadar-nàiseanta. Mar sin dheth, tha sealladh an dà chuid cuspaireil is cruinn-eòlasach againn air càit a bheil e iomchaidh a' Ghàidhlig a chleachdadh nar cuid sheirbheisean agus mar fhastaiche.

1.2 A' Ghàidhlig aig Taighean-tasgaidh Nàiseanta Alba

'S e seo an Treas Plana Gàidhlig le Taighean-tasgaidh Nàiseanta Alba. 'S ann eadar an Dàmhair 2017 is an Dàmhair 2023 a mhair an Dàrna Plana. Ri linn an Dàrna Plana, chunnacas atharrachaidhean mòra ris nach robhar an dùil mar eisimpleir dùnadh nan taighean-tasgaidh fad ùine mhòr air sgàth an lèir-sgaoilidh eadar-nàiseanta – a leithid a thachartasan nach fhaca sinn a-riamh nar n-eachdraidh fhada.

Dh'adhbharaich làn-dhùnadh is pàirt-dhùnadh nan taighean-tasgaidh duilgheadasan mòra a thaobh na b' urrainn dhuinn libhrigeadh sna prògraman don luchd-tadhail agus bha ath-sgrùdadh mòr air goireasan a dhìth. Mar sin dheth, bha bacadh air a' chomas againn airson prògraman Gàidhlig a leasachadh aig an àm seo.

Ach tha sinn toilichte gun robh adhartas ri fhaicinn an grunn àiteachan tron ghreis aithris seo. Chaidh an tairgse Ghàidhlig againn a bhrosnachadh le dà phrìomh thaisbeanadh anns a' chiad phàirt den ùine dhealbhadh seo:

1. *Am Prionnsa agus na Seumasaich*, fosgailte don mhòr-shluagh eadar 23 Ògmhios – 12 Samhain 2017. B' e seo an taisbeanadh as coileanta air aramach nan Seumasach fad 70 bliadhna. Rinneadh deasbad air cuid den mhì-thuigse is sgeulachdan mun linn thoinnte is inntinneach seo an eachdraidh na Roinn Eòrpa. Chruinnich an taisbeanadh nithean iongantach cruinn còmhla bho chruinneachaidhean Thaighean-tasgaidh Nàiseanta Alba is iasadan bhon RA, an Fhraing is an Eadailt.

Bha na leanas am measg a' phrògram cho-cheangailte:

Prògram a chaidh a choimiseanadh le Live Music Now for Free Fringe Music. Ghabh cuid den luchd-chiùil as cliùitiche òrain is puirt thraidiseanta, agus ceòl Gàidhlig nam measg, a leithid Ainsley Hamill is Alistair Paterson, dithis a bhios a' seinn is a' cluich a' phiàna agus Barluath, còmhlan traidiseanta a ghabhas òrain sa Ghàidhlig is sa Bheurla Ghallda.

Chaidh slighe sgoiltean sa Ghàidhlig a leasachadh cho math ri seisean CPD do thidsearan. Anns a' phrògram do dh'ìnbhich bha turas Gàidhlig mar phàirt den taisbeanadh *Am Prionnsa agus na Seumasach* air a stiùireadh le Dr. Domhnall Uilleam Stiùbhart (Sabhal Mòr Ostaig).

2. *Fiadhaich Glòrmhor: Seallaidhean Romansach de dh'Alba*, fosgailte bho 26 Ògmhios gu 10 Samhain 2019.

Rinn an taisbeanadh sgrùdadh air na h-oidhirpean airson pàirtean de chultar na Gàidhlig a dh'ion is ath-bheothachadh an dèidh aramach nan Seumasach. Anns an linn seo, dh'atharraich an dàimh eadar Alba agus gluasad Romansach na h-Eòrpa beachdan air an taobh a-muigh air a' Ghàidhealtachd agus bha seo aig teis-meadhan toiseach turasachd ann an Alba. Bheireadh an linn seo buaidh air an dàimh eadar teaghlach rìoghail Hanòbhair agus Alba cuideachd, gu h-àraid Seòras IV agus Bhictòria.

Rinn Taighean-tasgaidh Nàiseanta Alba com-pàirteachas le Sabhal Mòr Ostaig san Eilean Sgitheanach air obair susbaint. Chùm eòlaichean bhon t-Sabhal Mhòr taic ri teacsa nam pannalan agus rinn gach earrann den taisbeanadh sgrùdadh air cuspairean bho thaobh nan Gàidheal.

Ann an 2018 chomharraich sinn ceòl pop na h-Alba anns an taisbeanadh *Rip It Up: The Story of Scottish Pop* eadar 22 Ògmhios is 25 Samhain 2018. B' e seo a' chiad taisbeanadh mòr stèidhichte air ceòl pop Albannach agus a rinn sgrùdadh air cultar ciùil na dùthcha thar leth-cheud bliadhna. Bha còmhlanan is cultar Gàidhealach rim faicinn cho math ri pìosan den taisbeanadh aig an robh tionndaidhean Gàidhlig. Bha ceòl is cultar nan Gàidheal rim faicinn anns a' phrògram cuideachd, a leithid Gary Innes is Eòghann MacEunraig (buill den chòmhlán Ghàidhlig chliùiteach Mànran) a chluich seataichean an-asgaidh.

Chaidh an tairgse teaghlach againn a leasachadh cuideachd anns an robh:
- 'Step Wee Ceilidh' – pàirt den tachartasan againn air Oidhche Challainn, bidh sinn a' cumail dà sheisean fad 40 mionaid le sgeulachdan, obair-ciùird, òrain is dannsa Gàidhealach.
- Slighean ùra do theaghlach a chaidh cruthachadh, a leithid *Fànas* agus *Togail Dhealbhan Fiadh-bheatha*.

Chaidh goireasan do Sgoiltean tro Mheadhan na Gàidhlig a leasachadh cuideachd air cuspairean a leithid *Fànas* agus *Ailtireachd*.

Tha a' phrìomh thairgse Ghàidhlig againn air a leasachadh is air a dhèanamh àbhaisteach:

Trèanadh – Faodaidh gach neach-obrach, bhon Fhaoilleach 2018, iarrtas trèanadh dealanach a chur no tachartas Gàidhlig sam bith a fhrithealadh a chuireas sinn air dòigh tron bhathar-bhog Sgiobachd againn - Cascade. Faodar iarrtasan a chur aig àm sam bith tron bhliadhna ged nach biodh ceann-latha air a chur air dòigh fhathast. Bithear a' leantainn air na h-iarrtasan seo le comhairle airson coimeas a dhèanamh leis na tha ri fhaotainn, mar eisimpleir tro Phrògram Ionnsachadh Fosgailte Oilthigh Dhùn Èideann no Foghlam Air Astar aig Sabhal Mòr Ostaig. Tha sinn air pasgan Ionnsachadh Gàidhlig a chruthachadh san roinn Trèanadh le ceanglaichean ri nithean anns an Leabharlann agus tuilleadh fiosrachaidh air ciamar as urrainnear a thighinn an sàs. A thuilleadh air na goireasan againn fhèin, tha sinn a' toirt iomradh air goireasan ionnsachaidh an-asgaidh air-loidhne agus air dòighean ionnsachaidh nas fhoirmeile air an duilleig Trèanadh le Sgiobachd.

Prìomh thairgse do Luchd-tadhail is Luchd-èisteachd – tha mapaichean lìn is mapaichean pàipeir rim faighinn sa Ghàidhlig, cho math ri goireasan airson an turas agad a dhealbhadh air an làraich-lìn againn. Tha gach prìomh fhoillseachadh corporra air eadar-theangachadh dhan Ghàidhlig cho math ri brathan-naidheachd co-cheangailte ris a' Ghàidhlig. Bidh sinn gu bitheanta a' coileanadh iarrtasan airson filmeadh is clàradh le buidhnean craolaidh Gàidhlig.

Bu duilich leinn an tairgse againn do luchd-tadhail a choileanadh bhon a chaidh na taighean-tasgaidh againn a dhùnadh sa Mhàrt 2020 air sgàth an lèir-sgaoilidh. Ach rinn ar co-obraichean oidhirp mhòr airson an tairgse atharrachadh agus tursan lìn inntinneach a dhealbhadh, a leithid:

Cruinneachaidhean Taigh-tasgaidh Air-loidhne do dhaoine air a bheil seargadh-chuimhne agus an luchd-cùraim (tro Zoom). Chaidh ceòl is cànan nan Gàidheal a sheinn is a dheasbad agus iomradh ga thoirt air clàrsach na Bànrigh Màiri a tha sa chruinneachadh againn. Bha seisean ann le Live Music Now Scotland anns an robh òrain thraidiseanta sa Ghàidhlig is ceòl na clàrsaich.

Leasachadh nan goireasan Gàidhlig do sgoiltean air fir-tàileisg Leòdhais. Chaidh an dealbhadh an com-pàirteachas leis an fhoillsichear fhoghlaim Twinkl is an leasachadh leis an sgioba Foghlam Gàidhlig aca. Tha 20 goireas eadar-dhealaichte ann do thidsearan stèidhichte air na nithean againn a leithid ghnìomhan leughaidh, phasganan dhealbhan, chairtean fiosrachaidh, thaisbeanaidhean PowerPoint, gheamannan fhaclan, bhrataichean taisbeanaidh is geama bùird.

1.3 A' Ghàidhlig ann an Alba

Chaidh 87,056 daoine (1.7% den mhòr-shluagh) a chlàradh ann an Alba anns a' Chunntas-sluaigh an 2011 aig an robh 'comas sam bith sa Ghàidhlig'. 'S e ìsleachadh de 5.8% a bh' ann an coimeas ri 2011.

Bidh 57,602 dhiubh sin a' bruidhinn na Ghàidhlig; bidh 38,636 ga leughadh agus comasan leughaidh aig 32,418 dhiubh. Tha ìsleachadh anns na h-àireamhan seo thar nan trì roinnean bhon chunntas-sluaigh mu dheireadh, o chionn deich bliadhna.

Tha àrdachadh ri fhaicinn san àireimh de dhaoine òga a tha an sàs sa Ghàidhlig agus tha a' phuuing seo an dà chuid cudromach agus brosnachail. Tha am Plana againn, agus na tachartasan ri teachd, ag amas air a' phuuing sin, agus bidh sinn ag obair cuide ri sgoiltean Gàidhlig agus a' leudachadh nam prògraman Gàidhlig againn.

Bidh 24,974, no 0.5% de shluagh na h-Alba, a' cleachdadh na Ghàidhlig san dachaigh.

'S ann an Dùn Èideann a tha na làraichean as motha is air am bi an uiread as motha a' tadhal. 'S ann an Dùn Èideann agus na sgìrean comhairle mu thimcheall a tha sgìre thionail nan taighean-tasgaidh seo. Tha àireamhan luchd-labhairt na Ghàidhlig mar a leanas sna sgìrean seo:

- Comhairle Baile Dhùn Èideann - 0.7%
- Lodainn an Iar - 0.4%
- Lodainn an Ear - 0.4%
- Lodainn Mheadhanach - 0.4%
- Crìochan na h-Alba - 0.3%
- Fìobha - 0.4%

1.4 Achd na Ghàidhlig (Alba) 2005

Chaidh Achd na Ghàidhlig (Alba) 2005 aontachadh le Pàrlamaid na h-Alba airson inbhe na Ghàidhlig a dhèanamh tèarainte mar chànan oifigeil ann an Alba aig a bheil spèis co-ionnan ris a' Bheurla.

Tha e mar aon de na prìomh fheartan den Achd 2005 gu bheil e a' ceadachadh Bhòrd na Ghàidhlig iarraidh air ùghdarrasan poblach Plana Gàidhlig ullachadh. Chaidh an cead seo a dhealbhadh airson dèanamh cinnteach gun dèan an roinn phoblach ann an Alba a cuid fhèin ann a bhith a' cruthachadh seasmhachd don Ghàidhlig san àm ri teachd is iad ag àrdachadh inbhe is ìomhaigh a' chànan agus a' cruthachadh chothroman practaigeach airson a cleachdadh.

'S e seo Plana Gàidhlig Thaighean-tasgaidh Nàiseanta Alba is e air ullachadh a rèir frèam Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha e a' mìneachadh mar a chleachdas sinn Gàidhlig nar cuid obrach, mar a dh'adhbharaicheas sinn cleachdadh na Gàidhlig nuair a bhios sinn a' conaltradh leis a' mhòr-shluagh is prìomh chom-pàirtichean, agus mar a bhrosnaicheas is a leasaicheas sinn a' Ghàidhlig.

Chaidh am Plana Gàidhlig againn ullachadh a rèir shlatan-tomhais reachdail san Achd 2005 agus le aire don Phlana Cànain Nàiseanta Ghàidhlig agus don Stiùireadh air Leasachadh Phlanaichean Gàidhlig.

1.5 Plana Nàiseanta na Gàidhlig

Tha Taighean-tasgaidh Nàiseanta Alba a' cumail taic ris an amas an lùib Plana Cànain Nàiseanta Gàidhlig 2018-23 gum bi "a' Ghàidhlig ga cleachdadh nas trice, le barrachd dhaoine agus ann an taghadh nas fharsainghe de shuidheachaidhean."

Tha sinn air cur romhainn gun coilean sinn an t-amas seo is sinn a' toirt aire nar cuid obrach do na trì cinn seo:

- Ag àrdachadh cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh na buidhne againn is a' brosnachadh barrachd dhaoine gu Gàidhlig a chleachdadh nas trice nuair a bhios iad a' com-pàirteachadh leinn
- A' meudachadh cothrom do dhaoine a' Ghàidhlig ionnsachadh mar phàirt den obair làitheil againn
- A' brosnachadh sàr ìomhaigh den Ghàidhlig nuair as urrainn dhuinn mar phàirt den obair làitheil againn mar bhuidheann.

1.6 In-sgrùdadh air Comasan Gàidhlig

Chaidh suirbhidh ullachadh leis an Roinn Sgiobachd againn agus a chur gu gach neach-obrach aig Taighean-tasgaidh Nàiseanta Alba, is dùil ann gum biodh e deiseil eadar 8 - 21 Samhain 2021.

Chaidh a sgaoileadh tro:

- Puist-d na buidhne gu lèir
- Laoich Chonaltraidh Taobh a-staigh na Buidhne
- Naidheachdan eadra-lìon
- Post-d eile am meadhan na h-eacarsaich.

Chaidh 191 suirbhidhean a choileanadh, co-ionnan ri 41.5%. Tha seo mu dhà uiread nam freagairtean a fhuairtear bhon luchd-obrach san sgrùdadh againn air Comasan Gàidhlig ann an 2019.

B' iad na prìomh thoraidhean:

- Tha an àireamh de luchd-ionnsachaidh air èirigh gu 19 bho 7, ann an 2019.
- Tha an àireamh de dhaoine le ùidh ann an ionnsachadh air èirigh gu 63 bho 30, ann an 2019. Gheibhear an aithisg ann am Pàipear-taice 1.

1.7 Co-chomhairleachadh

Dh'fhoillsich sinn dreach Plana Gàidhlig airson co-chomhairleachadh poblach eadar 6 Ògmhios is 17 Iuchar, mar phàirt den ullachadh airson plana ùr, agus chuir sinn e gu Bòrd na Gàidhlig gus an sgaoileadh an roinn mhargaideachd aca e do na meadhanan sòisealta.

Chuir sinn an cèill gun nochdadh a h-uile freagairt gun urra ann an sgrìobhainn sam bith eile. Cha robh mòran fhreagairtean ann ach bha na freagairtean a fhuair sinn feumail agus chuir iad ri ar cuid bheachdan is sinn a' dealbhadh ghoireasan sgoile.

Chaidh an dreach Plana Gàidhlig ùrachadh an uair sin agus a chur gu Bòrd na Gàidhlig airson aonta.

2. PRÌOMH PHRIONNSAPALAN

2.1 Spèis Cho-ionann

Tha Bòrd na Gàidhlig, fo chumhachan Achd 2005, ag obair le sùil ri inbhe na Gàidhlig a dhèanamh tèarainte mar chànan oifigeil na h-Alba le spèis co-ionann ris a' Bheurla agus tha am Bòrd an dùil an uair sin gun dearbhaich ùghdarrasan poblach nan cuid phlanaichean mar a thèid am prionnsapal a choileanadh agus a ghleidheadh ann an gnìomh.

Nì sinn ar dìcheall, far a bheil Gàidhlig an lùib ar cuid obrach is sheirbheisean, gu bheil iad aig an aon ìre is càileachd ris na tha sinn a' toirt seachad sa Bheurla.

2.2 Tairgse Ghnìomhach

Bheir Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba tairgse gnìomhach seachad de ar cuid sheirbheisean Gàidhlig don luchd-obrach is don mhòr-shluagh. Bidh seo a' dearbhadh gum bi fios aig luchd-cleachdaidh na Gàidhlig gu bheil iad ann, nuair a tha seirbheisean Gàidhlig rim faighinn leinn, agus gu bheilear gam brosnachadh gu gnìomhach gu an cleachdadh.

Bheir seo an t-uallach far neach gus nach fheumar faighneachd airson na seirbheis agus bheir e misneachd do luchd-cleachdaidh na Gàidhlig is fios aca gun tèid na feumalachdan aca a choileanadh, mas e sin an roghainn aca.

Nì sinn ar dìcheall gum bi ar cuid sheirbheisean Gàidhlig cho ruigsinneach ris na seirbheisean Beurla againn.

2.3 Àbhaisteachadh

Thèid sinn an urras gum bi cothroman don mhòr-shluagh is don luchd-obrach againn airson a' Ghàidhlig a chleachdadh gan dèanamh àbhaisteach, mar thaic don amas an lùib Plana Cànain Nàiseanta Gàidhlig 2018-23 gum bi a' Ghàidhlig air a cleachdadh nas trice, le barrachd dhaoine agus ann an taghadh nas fharsaingeach de shuidheachaidhean.

3. GEALLAIDHEAN A' PHLANA

3.1 Amasan Àrd-ìre

Chaidh ar n-Amasan Àrd-ìre aontachadh le Ministear Riaghaltas na h-Alba san Dàmhair 2021. Bidh iad a' ceangal nan gnìomhan againn ri Plana Cànan Nàiseanta na Gàidhlig 2018-2023 mar a leanas:

1. Leudachadh cleachdadh na Gàidhlig

| | |
|-----------------------|--|
| Amas | 1.1 A' sònrachadh dhleastanasan luchd-obrach agus a' Ghàidhlig riatanach annta agus sinn a' fastadh da rèir. |
| Cleachdadh Làithreach | Ath-sgrùdadh gach dreuchd ùr feuch a bheil a' Ghàidhlig riatanach no na buannachd annta. |
| Gnìomhan a Dhìth | Gun lean an cleachdadh làithreach. |
| Ceann-latha an Amais | Ri leantainn thar ùine a' Phlana seo. |
| An Urra Ri | Gach Manaidsear fastaidh le taic Sgiobachd. |

| | |
|-----------------------|--|
| Amas | 1.2 A' leudachadh àireamh de shaor-thoilich le comasan Gàidhlig. |
| Cleachdadh Làithreach | Iomairtean, ann an com-pàirt ri Bòrd na Gàidhlig nuair a tha sin freagarrach, airson saor-thoilich a thàladh aig a bheil a' Ghàidhlig. |
| Gnìomhan a Dhìth | Gun lean an cleachdadh làithreach. |
| Ceann-latha an Amais | Ri leantainn thar ùine a' Phlana seo. |
| An Urra Ri | Sgiobachd. |

| | |
|-----------------------|--|
| Amas | 1.3 A' leudachadh cleachdadh na Gàidhlig is sinn a' com-pàirteachadh le clann ann am Foghlam Gàidhlig. |
| Cleachdadh Làithreach | Goireasan Gàidhlig do sgoiltean rim faotainn air an làraich-lìn againn agus meadhanan proifeiseanta m.e. Twinkl agus thèid leudachadh a dhèanamh air goireasan gus an ruig sinn air targaid bhliadhnail: 800 turas far an deach goireas a luchdachadh a-nuas. Bheir sinn leasachadh air an obair againn agus na tha sinn a' tabhann airson Seachdain Nàiseanta na Gàidhlig do Sgoiltean gus am bi 250 sgoilear a' gabhail pàirt ann an gnìomhan ionnsachaidh. |
| Gnìomhan a Dhìth | Gun lean an cleachdadh làithreach agus gun leudaich sinn farsaingeachd nan goireasan; gun dèan sinn obair chom-pàirteach le luchd-compàirt cultarach ann an Dùn Èideann agus le sgoiltean FtG. |
| Ceann-latha an Amais | Gach bliadhna thar ùine a' Phlana seo. |
| An Urra Ri | Roinn Ionnsachaidh is Chom-pàirteachaidh. |

| | |
|-----------------------|--|
| Amas | 1.4 A' leudachadh meud, uiread is cothrom airson Gàidhlig a chleachdadh (bruidhinn, leughadh, sgrìobhadh) anns gach taigh-tasgaidh is taisbeanadh. |
| Cleachdadh Làithreach | Teacsa taisbeanaidh, tursan is goireasan lìn dà chànanach/leasaichte cuide ris gach taisbeanadh co-cheangailte ris a' Ghàidhlig. Cuideachd, obraichidh sinn còmhla ri daoine eile (Capital Gaelic, NLS, NGS, CEC) gus leudachadh air na tha sinn a' |

| | |
|----------------------|--|
| | tabhann an lùib Seachdain Ghàidhlig Dhùn Èideann gus an ruig sinn air 650 neach a tha a' gabhail pàirt ann. |
| Gnìomhan a Dhìth | Gun leudaich sinn air a' chleachdadh làithreach tro obair chom-pàirteach le Capital Gaelic agus luchd-compàirt cultarach eile. Gun tog sinn air na dh'ionnsaich sinn bho na taisbeanaidhean dà-chànanach/leasaichte a bh' ann roimhe airson dèanamh cinnteach gum bi turas cho math 's as urrainn aig daoine le Gàidhlig nuair a thadhlas iad oirnn. |
| Ceann-latha an Amais | Aig amannan iomchaidh sa phrògram thaisbeanaidhean, agus air feadh na bliadhna mar ullachadh airson Seachdain Ghàidhlig Dhùn Èideann sa Ghearran gach bliadhna. |
| An Urra Ri | Roinn Thaisbeanaidhean is Dealbhadh, agus an Roinn Ionnsachaidh is Cho-chonaltraidh. |

| | |
|-----------------------|--|
| Amas | 1.5 A' cumail taic ris an iomairt Cleachdi airson luchd-labhairt na Gàidhlig aithneachadh san sgioba. |
| Cleachdadh Làithreach | Aithnichear iad le bràiste bratach na h-Alba. |
| Gnìomhan a Dhìth | Feum air bràiste ùr a chumas nas dlùithe ris an iomairt Cleachdi – bidh bràistean le ainm a' sealltainn ainm na dreuchd ann an Gàidhlig is Beurla agus bidh bratach ann airson luchd-labhairt na Gàidhlig. |
| Ceann-latha an Amais | 2023 |
| An Urra Ri | Roinn Thursan do Luchd-tadhail. |

2. Leudachadh Ionnsachadh na Gàidhlig

| | |
|-----------------------|--|
| Amas | 2.1 A' cumail oirnn a' foillseachadh stuthan a chleachdas luchd-obrach ann an taighean-tasgaidh agus/no air-loidhne a chumas taic ri fileantaich is luchd-ionnsachaidh airson an sgilean Gàidhlig a leasachadh fhad is a bheirear eòlas seachad air cruinneachaidhean, nithean is stuthan eile san taigh-tasgaidh. |
| Cleachdadh Làithreach | Duilleag eadra-lìn airson goireasan a leasachadh do cho-obraichean. |
| Gnìomhan a Dhìth | Taghadh nas fharsainge de ghoireasan, a' coimhead ri sàr chleachdadh an àiteachan eile, agus com-pàirteachadh nas dlùithe le Cruinneachaidhean Nàiseanta eile airson trèanadh luchd-ionnsachaidh is leasachadh ghoireasan. |
| Ceann-latha an Amais | Ri leantainn thar ùine a' Phlana seo. |
| An Urra Ri | Sgiobachd. |

3. Brosnachadh Ìomhaigh na Gàidhlig

| | |
|-----------------------|--|
| Amas | 3.1 Feumar dèanamh cinnteach, nuair a tha cuspair dlùth cheangailte ri cànan, cultar is dualchas na Gàidhlig, gu bheil seo air a dhèanamh soilleir do luchd-tadhail anns na cànanan as iomchaidh, agus a' Ghàidhlig nam measg. |
| Cleachdadh Làithreach | Mineachadh ann do luchd-tadhail ann an cànanan iomchaidh |
| Gnìomhan a Dhìth | Gun lean an cleachdadh làithreach. |
| Ceann-latha an Amais | Aig amannan iomchaidh san t-susbaint do luchd-tadhail is sa phrògram chonaltraidh. |
| An Urra Ri | Iomadh roinn a leithid nam Meadhanan Didseatach, Margaidheachd is Conaltradh, Ionnsachadh is Com-pàirteachadh agus Thaisbeanaidhean is Dealbhadh. |

3.2 Amasan Seirbheis Chorporra

1. Inbhe

| | |
|-----------------------|--|
| Amas | 1.1 Suaicheantas Bidh an suaicheantas corporra againn air ar làrach-lìn a' gluasad eadar Gàidhlig agus Beurla. |
| Cleachdadh Làithreach | Chaidh an suaicheantas corporra againn a dhèanamh dà-chànanach sa Mhàrt 2013 is e air a chleachdadh mar sin bhon uair sin. Tha sinn ga chleachdadh air susbaint sam bith co-cheangailte ris a' Ghàidhlig, m.e. brathan-naidheachd is prìomh sgrìobhainnean ro-innleachdail. |
| Gnìomhan a Dhìth | Chan eil atharrachadh ga mholadh. |
| Ceann-latha an Amais | Chan eil seo iomchaidh. |
| An Urra Ri | Margaidheachd is Conaltradh is Meadhanan Didseatach. |

| | |
|-----------------------|--|
| Amas | 1.2 Soidhnichean Bidh a' Ghàidhlig agus a' Bheurla a' nochdadh air soidhnichean fàilte, mar phàirt de dh'obair ùrachaidh agus ma tha àite ann air an t-soidhne. |
| Cleachdadh Làithreach | Tha soidhnichean co-cheangailte ri susbaint Ghàidhlig dà-chànanach, m.e. turas, tachartas no gnìomh do luchd-tadhail. Soidhnichean sligheach buan air na làraichean poblach againn sa Bheurla a-mhàin. |
| Gnìomhan a Dhìth | Chan eil atharrachadh ga mholadh. |
| Ceann-latha an Amais | Chan eil seo iomchaidh. |
| An Urra Ri | Margaidheachd is Conaltradh agus Taisbeanaidhean is Dealbhachadh. |

2. Conaltradh leis a' mhòr-shluagh

| | |
|-----------------------|---|
| Amas | 2.1 Sanasachd Thèid an teachdaireachd bhrosnachail, gu bheilear a' cur fàilte air brathan Gàidhlig bhon mhòr-shluagh, a shealltainn air ar làrach-lìn agus anns gach brath-naidheachd is foillseachadh corporra ann am Beurla agus Gàidhlig. |
| Cleachdadh Làithreach | Bàidh don chànan ga cur an cèill anns gach brath-naidheachd is foillseachadh poblach sa Bheurla agus sa Ghàidhlig. |
| Gnìomhan a Dhìth | Gun lean an cleachdadh làithreach agus gun tèid an làrach-lìn ùrachadh. |
| Ceann-latha an Amais | Ri leantainn thar ùine a' Phlana seo. |
| An Urra Ri | Roinn Margaidheachd is Conaltraidh agus Roinn nam Meadhanan Didseatach. |

| | |
|------|---|
| Amas | 2.2 Conaltradh Sgrìobhte Gabhar ri conaltradh sgrìobhte sa Ghàidhlig daonna (post, post-d is meadhanan sòisealta) agus cuirear freagairtean sa |
|------|---|

| | |
|-----------------------|---|
| | Ghàidhlig a rèir a' phoileasaidh choitichinn. |
| Cleachdadh Làithreach | Bàidh don chànan ga cur an cèill anns gach brath-naidheachd is foillseachadh corporra tron phròiseas bheachdan airson luchd-tadhail (Beachdan, Molaidhean is Gearanan). |
| Gnìomhan a Dhìth | Sgaoil fios nas fhollaisiche gu bheil a' Ghàidhlig fillte sa phròiseas Beachdan, Molaidhean is Gearanan tro ùrachadh na duilleig-lìn Bun-tomhasan Seirbheis. |
| Ceann-latha an Amais | Ri leantainn thar ùine a' Phlana seo. |
| An Urra Ri | Roinn Thursan Luchd-tadhail. |

| | |
|-----------------------|--|
| Amas | 2.3 Ionad-fàilte is fòn Thathar a' cumail taic ri luchd-obrach le Gàidhlig mas urrainn dhaibh an t-seirbheis seo a thoirt seachad agus an t-seirbheis ga tabhann an sin don mhòr-shluagh. |
| Cleachdadh Làithreach | Chan eil comas sa bhuidhinn airson seirbheis bheò a thoirt seachad. Tha a' bheannachd fòn chlàraichte againn sa Bheurla agus sa Ghàidhlig. |
| Gnìomhan a Dhìth | Chan eil atharrachadh ga mholadh. |
| Ceann-latha an Amais | Chan eil seo iomchaidh. |
| An Urra Ri | Chan eil seo iomchaidh. |

| | |
|-----------------------|---|
| Amas | 2.4 Coinneamhan poblach Thèid coinneamhan poblach sam bith le ceangal ris a' Ghàidhlig a chumail gu dà-chànanach. |
| Cleachdadh Làithreach | Tha adhbhar is cruth choinneamhan poblach gan deasbad gu bitheanta feuch a bheil iad a' freagairt air gach tachartas gu sònraichte. |
| Gnìomhan a Dhìth | Gun lean an cleachdadh làithreach. |
| Ceann-latha an Amais | Ri leantainn thar ùine a' Phlana seo. |
| An Urra Ri | Roinn Margaideachd is Conaltraidh. |

3. Fiosrachadh

| | |
|-----------------------|---|
| Amas | 3.1 Brathan naidheachd Thèid dà bhrath-naidheachd air taisbeanaidhean is gach brath-naidheachd co-cheangailte ris a' Ghàidhlig a sgaoileadh sa Ghàidhlig agus sa Bheurla. |
| Cleachdadh Làithreach | Tha gach brath-naidheachd co-cheangailte ris a' Ghàidhlig ri fhaighinn san dà chànan. Tha sinn a' cur an cèill gu soilleir gu bheil gach foillseachadh corporra eile ri fhaighinn sa Ghàidhlig air iarrtas. |
| Gnìomhan a Dhìth | Gun lean an cleachdadh làithreach agus gun tèid dà bhrath-naidheachd mu thaisbeanaidhean SEG 1 a chur gu Gàidhlig. |
| Ceann-latha an Amais | Ri leantainn thar ùine a' Phlana seo. |
| An Urra Ri | Roinn Margaideachd is Conaltraidh. |

| | |
|------|---|
| Amas | 3.2 Meadhanan Sòisealta Gun tèid co-dhiù 5 brathan fhoillseachadh ann an Gàidhlig sna meadhanan sòisealta gach bliadhna. |
|------|---|

| | |
|-----------------------|--|
| Cleachdadh Làithreach | Tha an t-seirbheis Ghàidhlig againn air na meadhan sòisealta ri faighinn air iarrtas a-mhàin air sgàth comas na buidhne agus iarraidh an luchd-chleachdaidh. |
| Gnìomhan a Dhìth | Gun lean an cleachdadh làithreach agus gun tèid am plana conaltraidh ùrachadh. |
| Ceann-latha an Amais | Ri leantainn thar ùine a' Phlana seo. |
| An Urra Ri | Roinn Mheadhanan Didseatach. |

| | |
|-----------------------|--|
| Amas | 3.3 Làrach-lìn Thèid duilleagan le susbaint Ghàidhlig a chruthachadh air an làrach-lìn. |
| Cleachdadh Làithreach | Tha an t-susbaint gu lèir air an làrach-lìn co-cheangailte ris a' Ghàidhlig ri faighinn sa Bheurla agus sa Ghàidhlig, m.e. goireasan do Sgoiltean FMG is am Plana Gàidhlig againn. |
| Gnìomhan a Dhìth | Gun lean an cleachdadh làithreach. |
| Ceann-latha an Amais | Ri leantainn thar ùine a' Phlana seo. |
| An Urra Ri | Roinn nam Meadhanan Didseatach. |

| | |
|-----------------------|--|
| Amas | 3.4 Foillseachaidhean Poblach Rim faighinn sa Ghàidhlig agus sa Bheurla agus prìomhachas ga thoirt dhan fheadhainn a ruigeas barrachd dhaoine. |
| Cleachdadh Làithreach | Gach foillseachadh co-cheangailte ris a' Ghàidhlig ri faighinn sa Bheurla agus sa Ghàidhlig. Bidh sinn a' leigeil fios gu follaiseach gu bheil gach foillseachadh corporra ri faighinn sa Ghàidhlig air iarrtas. |
| Gnìomhan a Dhìth | Gun lean an cleachdadh làithreach. |
| Ceann-latha an Amais | Ri leantainn thar ùine a' Phlana seo. |
| An Urra Ri | Roinn Margaideachd is Conaltraidh. |

| | |
|-----------------------|---|
| Amas | 3.5 Taisbeanaidhean Bu chòir beachdachadh air cothroman airson taisbeanaidhean poblach a lìbhrigeadh gu dà-chànanach no sa Ghàidhlig gu cunbhalach agus le prìomhachas ga thoirt dhan fheadhainn a ruigeas barrachd dhaoine. |
| Cleachdadh Làithreach | Pròiseas stèidhichte airson dòigh-obrach fharsaing a thaobh bheachdan air taisbeanaidhean, leasachadh susbaint thaisbeanaidhean, sgrùdadh chosgaisean is ro-aithrisean àireamhan luchd-tadhail agus riaghladh thaisbeanaidhean. |
| Gnìomhan a Dhìth | Gun tèid togail air an obair a thathar a' dèanamh an-dràsta agus gun ionnsaich sinn bho thaisbeanaidhean Gàidhlig a bh' ann roimhe gus am bi turas inntinneach aig daoine le Gàidhlig nuair a thadhlas iad oirnn. |
| Ceann-latha an Amais | 2026-2028 |
| An Urra Ri | Roinn Taisbeanaidh is Dealbhaidh còmhla ri Roinn Eachdraidh is Arc-eòlas na h-Alba. |

| | |
|------|--|
| Amas | 3.6 Rannsachadh Comharraich buaidh is riochdachadh na Gàidhlig is cultar nan Gàidheal sna cruinneachaidhean air cultar dùthchasach. |
|------|--|

| | |
|-----------------------|---|
| Cleachdadh Làithreach | Beagan eòlais air bloighean dheth ann an diofar phàirtean den chruinneachadh. |
| Gnìomhan a Dhìth | Rannsachadh sònraichte ri dhèanamh, gu h-àraid tro ar Greis-rannsachaidh Dotaireil Chom-pàirteach le Sabhal Mòr Ostaig; taic do dh'obair eile leithid dàrna greis-rannsachaidh agus a' cur taic ri pròiseact, Pròiseasadh Cainnt Nàdarra. |
| Ceann-latha an Amais | 2025 |
| An Urra Ri | Buidheann-stiùiridh nan Cruinneachaidhean. |

4. Staff

| | |
|-----------------------|---|
| Amas | 4.1 In-sgrùdadh In-sgrùdadh air sgilean is trèanadh Gàidhlig a tha a dhìth rè ùine gach plana. |
| Cleachdadh Làithreach | Sgrùdadh Dèanadais is Leasachaidh do gach neach-obrach gach bliadhna, anns a bheilear a' stèidheachadh is a' sgrùdadh thargaidean trèanaidh. Tha Sgrùdadh Comais gach neach-obrach ga chur an sàs cuideachd aig deireadh ùine gach Plana Gàidhlig airson coimeas a dhèanamh eadar toraidhean is na freagairtean a bh' ann roimhe. |
| Gnìomhan a Dhìth | Gun lean an cleachdadh làithreach. |
| Ceann-latha an Amais | Gu bliadhnail (PDR) agus ann an 2027 (Sgrùdadh Comais). |
| An Urra Ri | Sgiobachd. |

| | |
|-----------------------|--|
| Amas | 4.2 Inntriageadh Eòlas air plana Gàidhlig an ùghdarrais ionadail an lùib inntrigidhean ùra do luchd-obrach. |
| Cleachdadh Làithreach | Tha am Plana Gàidhlig, na geallaidhean buidhneil agus cothroman foirmeil is neo-foirmeil a thighinn an sàs uile stèidhichte an lùib a' Phròiseis Inntrigidh. |
| Gnìomhan a Dhìth | Gun lean an cleachdadh làithreach. |
| Ceann-latha an Amais | Gu bitheanta tro ùine a' Phlana. |
| An Urra Ri | Sgiobachd. |

| | |
|-----------------------|---|
| Amas | 4.3 Trèanadh cànan Trèanadh is leasachadh sgilean Gàidhlig gan tairgsinn do luchd-obrach, gu h-àraid a thaobh libhrigeadh plana cànan an ùghdarrais ionadail. |
| Cleachdadh Làithreach | Tha measgachadh de chùrsaichean Gàidhlig aig ìrean tòiseachaidh is adhartach gan tairgsinn don a h-uile neach-obrach is neach saor-thoileach. Tha ùidh mhòr ann a rèir an Sgrùdaidh Chomais as ùire againn. |
| Gnìomhan a Dhìth | Gun lean an cleachdadh làithreach. |
| Ceann-latha an Amais | Leantainneach tro ùine a' Phlana. |
| An Urra Ri | Sgiobachd. |

| | |
|------|--|
| Amas | 4.4 Trèanadh mothachaidh Tha trèanadh mothachadh cànan ga thairgsinn don luchd-obrach agus prìomhachas ga thoirt do stiùirichean, buill bhùird, comhairlichean agus luchd-obrach a tha a' |
|------|--|

| | |
|-----------------------|--|
| | dèiligeadh leis a' mhòr-shluagh gu dìreach. |
| Cleachdadh Làithreach | Tha trèanadh mothachadh cànan ga thairgsinn do gach neach-obrach, agus Stiùirichean is buill Bhòrd nan Urrasairean againn mam measg. |
| Gnìomhan a Dhìth | Gun lean an cleachdadh làithreach. |
| Ceann-latha an Amais | Leantainneach tro ùine a' Phlana. |
| An Urra Ri | Sgiobachd. |

| | |
|-----------------------|---|
| Amas | 4.5 Fastadh Ag aithneachadh is a' toirt spèis do chomasan sa Ghàidhlig an lùib a' phròiseis fastaidh air feadh an ùghdarras ionadail. |
| Cleachdadh Làithreach | Tha iomairtean fastaidh co-cheangailte ris a' Ghàidhlig gan neartachadh le sgilean sònraichte iomchaidh sa phannal agus sa phròiseas fastaidh airson buile làidir a thoirt gu bith. |
| Gnìomhan a Dhìth | Gun lean an cleachdadh làithreach. |
| Ceann-latha an Amais | Leantainneach tro ùine a' Phlana. |
| An Urra Ri | Sgiobachd. |

| | |
|-----------------------|---|
| Amas | 4.6 Fastadh Gàidhlig ga comharrachadh mar riatanach agus / no na buannachd ann an tuairisgeulan obrach airson am Plana Gàidhlig a libhrigeadh a rèir comhairle fastaidh Bhòrd na Gàidhlig. |
| Cleachdadh Làithreach | Còmhraidhean eadar am Manaidsear Fastaidh is Sgiobachd is iad ag aontachadh shònrachaidhean Riatanach is Buannachdail ann an Sònrachaidhean Pearsa. |
| Gnìomhan a Dhìth | Gun lean an cleachdadh làithreach. |
| Ceann-latha an Amais | Leantainneach tro ùine a' Phlana. |
| An Urra Ri | Gach Manaidsear Fastaidh mar a dh'iarras Sgiobachd. |

| | |
|-----------------------|---|
| Amas | 4.7 Fastadh Sanasan obrach dà-chànanach no sa Ghàidhlig a-mhàin airson gach dreuchd anns a bheil a' Ghàidhlig riatanach. |
| Cleachdadh Làithreach | Sanasan dà-chànanach gan dealbhadh airson dhreuchdan anns a bheil sgilean Gàidhlig nam buannachd agus / no riatanach. |
| Gnìomhan a Dhìth | Gun lean an cleachdadh làithreach. |
| Ceann-latha an Amais | Leantainneach tro ùine a' Phlana. |
| An Urra Ri | Sgiobachd. |

5. Corpas na Gàidhlig

| | |
|-----------------------|---|
| Amas | 5.1 Gnàthachas Litreachadh na Gàidhlig Cumar ris an dreach as ùire de Ghnàthachas Litreachadh na Gàidhlig air gach sgrìobhainn sgrìobhte leis an ùghdarras ionadail. |
| Cleachdadh Làithreach | Co-obraichean a' cumail ris a' ghoireas seo nuair a bhios feum. |
| Gnìomhan a Dhìth | Gun lean an cleachdadh làithreach. |
| Ceann-latha an Amais | Ri leantainn thar ùine a' Phlana seo. |

| | |
|-----------------------|---|
| An Urra Ri | Buidheann-stiùiridh nan Cruinneachaidhean. |
| Amas | 5.2 Ainmean-àite Thathar a' sireadh is a' cleachdadh comhairle Ainmean-Àite na h-Alba. |
| Cleachdadh Làithreach | Co-obraichean a' cleachdadh a' ghoireis seo nuair a bhios feum. |
| Gnìomhan a Dhìth | Gun lean an cleachdadh làithreach. |
| Ceann-latha an Amais | Ri leantainn thar ùine a' Phlana seo. |
| An Urra Ri | Buidheann-stiùiridh nan Cruinneachaidhean. |

4. CEANGLAICHEAN RI FRÈAM DÈANADAIS NÀISEANTA

Tha Earrann 3 a' mìneachadh nan gnìomhan leis an cùm Taighean-tasgaidh Nàiseanta Alba orra a' leasachadh is a' gnàthachadh na h-obrach aca mar fhastaiche is mar sholarai che seirbheis taigh-tasgaidh. Tha na gnìomhan seo air an òrdanachadh mar fhreagairt air Amasan Àrd-ìre Bhòrd na Gàidhlig agus tha iad a' sealltainn mar a tha sinn an dùil a bhith a' cur ris a' Phlana Nàiseanta is ri seasmhachd na Gàidhlig san àm ri teachd.

5. CEANGLAICHEAN RI FRÈAMAN IONADAIL IS ROINNEIL

Tha an dà chuid ceanglaichean foirmeil is neo-foirmeil ri buidhnean a tha a' stiùireadh a' Chruinneachaidh Nàiseanta ann an Alba mar phàirt den obair Ghàidhlig leantainnich againn. Tha ceangal sònraichte aig an obair againn ri Leabharlann Nàiseanta na h-Alba is Gailearaidhean Nàiseanta na h-Alba. Bidh coinneamhan cunbhalach againn is sinn a' beachdachadh air co-roinn ghoireasan, co-thachartasan is cothroman trèanaidh luchd-obrach.

6. FOILLSEACHADH

6.1 Foillseachadh is Sanasachd a' Phlana

Air an taobh a-staigh

Bidh am Plana seo ri fhaotainn don luchd-obrach air fad air an eadra-lìon againn, cho math ri goireasan Gàidhlig airson cleachdadh is ionnsachadh a' chànain.

Air an taobh a-muigh

Thèid am Plana Gàidhlig seo fhoillseachadh sa Ghàidhlig agus sa Bheurla air an làraich-lìn againn. A thuilleadh air seo bidh sinn:

- a' sgaoileadh brath-naidheachd dà-chànanach mun phlana
- a' sanasachd a' phlana tro na meadhan-sòisealta eadar-dhealaichte

7. A' MAOINEACHADH A' PHLANA

Thèid na goireasan airson stèidheachadh a' phlana a mhaoineachadh tro na buidseatan obrachaidh againn leis an sgioba no roinn iomchaidh.

Bidh gnìomh sam bith co-cheangailte ri maoinachadh calpa no pròiseact air a stiùireadh mar phàirt de phlana cosgais is targaidean maoinachaidh a' phròiseict sin.

8. SGRÙDADH LEANTAINNEACH A' PHLANA

Tha e mar riatanas Achd na Gàidhlig (Alba) gu bheillear a' cumail Phlanaichean Gàidhlig fo sgrùd leantainneach agus tha sinn an geall gun coilean sinn Aithisg Sgrùdaidh Bhliadhnail airson beachd Bhòrd na Gàidhlig.

9. AM PLANA GÀIDHLIG ANNS AN ÙGH DARRAS PHOBLACH

9.1 Uallach iomlan airson a' Phlana

'S ann air Stiùiriche an Taigh-tasgaidh a tha uallach iomlan airson am Plana Gàidhlig againn ullachadh, a libhrigeadh is a chumail fo sgrùd. Faodar fios a chur thuca mar a leanas:

Tron phost: Taighean-tasgaidh Nàiseanta Alba, Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba, Sràid Chambers, Dùn Èideann, EH1 1JF

Air post-d: gaelicplan@nms.ac.uk, air a chomharrachadh dhan Stiùiriche sa Cheann-chuspair.

9.2 Uallach làitheil airson a' Phlana

'S ann air a' Cheannard airson Phoileasaidhean Corporra is Coileanaidh a tha uallach airson am Plana Gàidhlig againn a chumail fo sgrùd bho latha gu latha. Faodar fios a chur thuca mar a leanas:

Tron phost: Taighean-tasgaidh Nàiseanta Alba, Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba, Sràid Chambers, Dùn Èideann, EH1 1JF

Air post-d: gaelicplan@nms.ac.uk, air a chomharrachadh dhan Cheannard airson Phoileasaidhean Corporra is Coileanaidh sa Cheann-chuspair.

9.3 Buidheann Stèidheachaidh a' Phlana Ghàidhlig

Chaidh Sgioba Stèidheachaidh a shònrachadh, anns a bheil riochdairean roinnean a tha riatanach an lùib leasachadh a' Phlana, agus aig a bheil dleastanas airson susbaint a' Phlana a stèidheachadh. Tha an Sgioba Stèidheachaidh seo air a stiùireadh le ball den Sgioba Stiùiridh, a tha a' cumail sùil air libhrigeadh nan Aithisgean Sgrùdaidh.

9.4 Conaltradh le Luchd-obrach

Tha siostam stèidhichte againn airson conaltradh a-staigh is thachartasan is naidheachdan Gàidhlig tro na dòighean conaltraidh seo:

- Puist-d mhìosail do gach neach-obrach
- Bùird-bhrath air feadh nan làraichean againn
- An goireas Sgiobachd againn, Cascade
- Coinneamhan roinneil gach mìos, air an stiùireadh leis a' Cheannard Roinne
- Coinneamh thaisbeanaidhean luchd-obrach gach mìos, clàraichte is beò

- Eadra-lìon luchd-obrach le roinn shònraichte don Ghàidhlig
- Gaisgich Conaltraidh A-staigh

9.5 Buidhnean Ceangailte is air an Taobh A-muigh

Cha bhi Taighean-tasgaidh Nàiseanta Alba ag obrachadh le buidhnean on taobh a-muigh san dòigh seo. 'S e buill den luchd-obrach a tha sna sgiobannan Sgiobachd is Naidheachdan, mar eisimpleir, seach seirbheisean air am fastadh on taobh a-muigh.

PÀIPEARAN-TAIC

Pàipear-taic 1 – In-sgrùdadh air Comasan Gàidhlig

In-sgrùdadh air Comasan Gàidhlig Ceisteachan 2021 Toraidhean

Chaidh ceisteachan a chur gu gach neach-obrach aig Taighean-tasgaidh Nàiseanta Alba is e ag iarraidh orra a lionadh eadar 8 – 21 Samhain. Chaidh a sgaoileadh air:

- Post-d gach neach-cleachdaidh
- Gaisgich Chonaltraidh A-staigh
- Naidheachd Eadra-lìn
- Cuimhneachan air post-d letheach slighe tro ùine an sgrùdaidh

Toraidhean Lìonaidh 2021

Chaidh 191 ceisteachan a lionadh no 41.5%, stèidhichte air mu 460 neach-obrach.

Toraidhean Lìonaidh 2019

Chaidh 98 a lionadh no 21.3%.

Ceisteachan 2021 - Ceist 1:

Bu toil linn, is sinn a' cumail taic ri Plana Gàidhlig Thaighean-tasgaidh Nàiseanta Alba, barrachd eòlais a chur air cleachdadh na Gàidhlig is ùidh innte. Tagh na roghainnean as iomchaidh bhon liosta a tha a' riochdachadh nan ìrean Gàidhlig agad an-dràsta.

| Roghainnean | Freagairtean | |
|---|--------------|------------|
| Leughaidh mi Gàidhlig gu fileanta | 0.00% | 0 |
| Sgrìobhaidh mi Gàidhlig gu fileanta | 0.00% | 0 |
| Bruidhnidh mi Gàidhlig gu fileanta | 0.00% | 0 |
| Tha mi ag ionnsachadh no a' leasachadh mo chuid Gàidhlig | 8.38% | 16 |
| Tuigidh mi is freagraidh mi beannachdan sìmplidh sa Ghàidhlig | 9.95% | 19 |
| Chan eil gin de na sgilean seo agam | 85.86% | 164 |
| Na fhreagair | | 191 |
| Gun fhreagairt | | 0 |

Ceisteachan 2019 – Ceist 1:

| Roghainnean | Freagairtean | |
|--|--------------|-----------|
| Leughaidh mi Gàidhlig gu fileanta | 1.02% | 1 |
| Sgrìobhaidh mi Gàidhlig gu fileanta | 0.00% | 0 |
| Bruidhnidh mi Gàidhlig gu fileanta | 0.00% | 0 |
| Tha mi ag ionnsachadh no a' leasachadh mo chuid Gàidhlig | 2.04% | 2 |
| Tuigidh mi is freagraidh mi beannachdan sìmplidh | 7.14% | 7 |
| Chan eil gin de na sgilean seo agam | 90.82% | 89 |
| Na fhreagair | | 98 |
| Gun fhreagairt | | 0 |

Sgrùdadh 2021 - Ceist 2:

Bu toil leam a' Ghàidhlig ionnsachadh airson m' obair agus bu toil leam barrachd fiosrachaidh fhaighinn

| | Roghainnean | Freagairtean | |
|-------------|-----------------------|--------------|------------|
| Bu toil | | 33.69% | 63 |
| Cha bu toil | | 66.31% | 124 |
| | Na fhreagair | | 187 |
| | Gun fhreagairt | | 4 |

Sgrùdadh 2019 – Ceist 2:

Bu toil leam a' Ghàidhlig ionnsachadh airson m' obair agus bu toil leam barrachd fiosrachaidh fhaighinn

| | Roghainnean | Freagairtean | |
|-------------|-----------------------|--------------|-----------|
| Bu toil | | 31.91% | 30 |
| Cha bu toil | | 68.09% | 64 |
| | Na fhreagair | | 94 |
| | Gun fhreagairt | | 4 |

Sgrùdadh 2021 – Ceist 3:

Ma fhreagair thu 'bu chòir' nach lìon thu d' ainm is an roinn agad gus an cuir sinn fios thugad an dèidh an sgrùdaidh

| | |
|-----------------------|------------|
| Na fhreagair | 61* |
| Gun fhreagairt | 130 |

(*Cha tug 1 de 61 luchd-freagairt an ainm seachad)

(AIRSON FIOS tha seachdnar a fhreagair 'bu chòir' air a bhith an sàs roimhe ann an ionnsachadh Gàidhlig, mar sin bha sinn eòlach orra mar-thà.)

Sgrùdadh 2019 – Ceist 3:

Ma fhreagair thu 'bu chòir' nach lìon thu d' ainm is an roinn agad gus an cuir sinn fios thugad an dèidh an sgrùdaidh

| | |
|-----------------------|-----------|
| Na fhreagair | 28 |
| Gun fhreagairt | 70 |

A' roinn an luchd-fhreagairt (61) a fhreagair Ceist 3 an 2021

Buidheann-stiùiridh Chruinneachaidhean – 23

- 5 Seirbheisean Chruinneachaidhean
- 5 Saidheansan Nàdarra
- 2 Saidheans is Teicneolas
- 7 Eachdraidh is Arc-eòlas na h-Alba
- 1 Mòr-ulaidh
- 3 Cultaran an t-Saoghail

Oighreachdan is Goireasan – 4

- 1 Oighreachdan
- 1 Goireasan
- 1 Tèarainteachd
- 1 Seirbheisean Taic

Conaltradh Taobh A-muigh – 9

- 3 Leasachadh

- 3 Meadhanan Didseatach
- 3 Margaidheachd is Conaltradh

Ionmhas is Planadh – 2

- 1 Ionmhas
- 1 Stiùireadh eòlas fiosrachaidh

Sgiobachd – 1

NMSE – 1

Prògraman Poblach – 5

- 2 Taisbeanaidhean is Dealbhadh
- 3 Ionnsachadh is Com-pàirteachadh

Tursan Luchd-tadhail – 15 aithnichte + 1 neo-aithnichte

- 10 Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba/Taigh-tasgaidh Nàiseanta a' Chogaidh
- 2 Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Itealaich
- 3 Taigh-tasgaidh Nàiseanta na Tuatha

Sgiobachd
EJK 23/11/2021